

A' leasachadh gach turas



**Plana Lìbhrigidh
Ro-innleachd Ghoireasan Daonna**

Foillsichte 1^d Dàmhair 2025





Clàr-innse

Geàrr-chunntas gnìomhach	3
1. Facal-toisich	3
2. Structar agus riaghlachas na buidhne	4
3. Ro-innleachd criuthachaidh agus planadh obrachaidh	5
4. Foir-shealladh air luchd-obrach	6
5. Planadh feachd-obrach ro-innleachdail	7
6. Trusadh agus tàladh tàlant	8
7. Preantasachdan, caideatachdan agus prògramanan airson daoine a tha tràth sa chùrsa-obrach aca	9
8. Glèidheadh agus leasachadh luchd-obrach	10
9. Com-pàirteachadh agus sunnd luchd-obrach	11
10. Iomadachd agus ion-ghabhaltas san fheachd-obrach	11
11. Com-pàirteachadh aonaidhean-ciùird agus caidreabh gnìomhachais	12
12. Stiùireadh coileanaidh	13
13. Stiùireadh neo-làthaireachd	14
14. Siostaman HR agus stiùireadh dàta	14
15. Co-dhùnadh	16



Geàrr-chunntas gnìomhach

Tha am plana libhrigidh seo a' mìneachadh mar a bhios sinne aig Cailleanach Mac a' Bhriuthainn a' libhrigeadh feachd-obrach a tha ath-sheasmhach, ion-ghabhalach agus deiseil airson an ama ri teachd gus taic a thoirt don chùmhnaidh Seirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall (CHFS3). Tha am plana seo a' sealltainn ar gealltanais gum bi sinn a' toirt seachad seirbheis phoblach earbsach a tha a' co-thaobhadh ri prìomhachasan a chaidh a chur an cèill ann am Plana Cheanglaichean nan Eilean (ICP) agus ann an Ro-innleachd Ath-leasachadh Roinn Phoblach na h-Alba.

Tha na daoine againn deatamach do shoirbheas na seirbheise. Tha am plana seo a' mìneachadh mar a bhios sinn a' tàladh, a' glèidheadh agus a' leasachadh feachd-obrach sgileil a tha ann an co-rèir ris na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh agus a tha uidheamaichte a bhith a' coileanadh nan iarrtasan obrachaidh a gheibhear ann an àrainneachd iom-fhillte aig muir. Tha e a' gabhail a-steach am modh-obrach againn airson trusadh, planadh co-arbais, preantasachdan agus stiùireadh cosnaidh — uile air an neartachadh le prionnsapalan obair chothromach agus fòcas làidir air sunnd luchd-obrach.

Bidh sinn a' libhrigeadh feachd-obrach a tha ath-sheasmhach, ion-ghabhalach agus deiseil airson an ama ri teachd tro phlanadh structaraichte airson an fheachd-obrach, cleachdaidhean cosnaidh a tha ion-ghabhalach agus prògramanan leasachaidh a tha targaidichte. Tha an ro-innleachd againn a' gabhail a-steach loidhnichean dleastanais a tha soilleir, pròiseasan trusaidh a tha trid-shoilleir agus gealltanais a bhith a' togail feachd-obrach ionadail a tha comasach. Leanaidh sinn oirnn ag obair gu dlùth ri aonaidhean-ciùird aithnichte, luchd-pàirt coimhearsnachd agus buidhnean cosnaidh gus cothroman a chomharrachadh agus taic a thoirt do dh'ath-sheasmhachd fhad-ùineach.

Tha am plana cuideachd a' mìneachadh mar a bhios sinn a' tomhas soirbheas — tro chomharran coileanaidh a tha ann an co-rèir ri àireamhan luchd-obrach, iomadachd, glèidheadh agus com-pàirteachadh luchd-obrach. Le bhith a' leabachadh leasachadh leantainneach agus a' co-thaobhadh an libhrigidh HR againn ri amasan corporra nas fharsainghe, bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil am feachd-obrach againn deiseil a bhith a' libhrigeadh seirbheis aiseig a tha sàbhailte, so-ruigsinneach agus earbsach airson coimhearsnachdan ann an eileanan, rosan agus costaichean na h-Alba.

1. Facal-toisich

Aig Cailleanach Mac a' Bhriuthainn, tha na daoine againn deatamach do libhrigeadh seirbheis aiseig shàbhailte, earbsach agus ath-sheasmhach. Tha am plana libhrigidh seo airson na ro-innleachd HR a' mìneachadh mar a bhios sinn a' tàladh is a' glèidheadh feachd-obrach sgileil agus ion-ghabhalach, agus mar a bhios sinn a' toirt taic dhaibh, gus riatanasan obrachaidh a' chùmhnaidh Seirbheisean Aiseig Chluaidh agus Innse Gall (CHFS3) a choileanadh.

Tha am modh-obrach againn air a bhunachadh ann am prionnsapalan obair chothromach, ceannardas faicsinneach agus gealltanais do leasachadh leantainneach. Tha sinn ag amas a bhith nur fastaiche rogha — a' tairgse pàigheadh is sochairean farpaiseach, slighean cùrsa-obrach soilleir agus àrainneachd obrach dheimhinneach a tha a' toirt taic do shunnd agus leasachadh.

Tha am plana seo a' mìneachadh nan ullachaidhean cosnaidh, ro-innleachd criuthachaidh agus structaran luchd-obrach a bhios a' toirt taic do libhrigeadh sheirbheisean. Tha e a' gabhail a-steach am frèam-obrach planaigh ro-innleachdail againn airson an fheachd-obrach, planadh co-arbais



airson dreuchdan cudromach agus ar gealltanais do phreantasachdan agus trusadh stèidhichte sa choimhearsnachd.

Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e gum bi sinn a' co-obrachadh còmhla ri aonaidhean-ciùird aithnichte, buidhnean cosnaidh agus luchd-pàirt ionadail ann a bhith a' comharrachadh chothroman, a' toirt taic do dhaoine a tha air a bhith gun chosnadh airson ùine fhada agus a' togail feachd-obrach ath-sheasmhach thar an dà chuid obrachaidhean aig muir agus obrachaidhean air tìr.


Le bhith a' leabachadh chleachdaidhean ion-ghabhalach, a' tasgadh ann an trèanadh is leasachadh agus a' cumail loidhnichean dleastanais a tha soilleir, bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil am feachd-obrach againn air uidheamachadh a bhith a' libhrigeadh seirbheis phoblach de dh'àrd-chàileachd — seirbheis a tha ann an co-rèir ris na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh agus a' toirt taic do dh'amasan còmhdaidh nas fharsainghe na h-Alba.

2. Structar agus riaghlachas na buidhne

Airson seirbheis aiseig earbsach a libhrigeadh, tha feum ann air loidhnichean dleastanais a tha soilleir, riaghlachas làidir agus structar feachd-obrach a tha a' toirt taic do dh'ath-sheasmhachd obrachaidh. Aig Cailleanach Mac a' Bhriuthainn, tha sinn air pròiseasan HR a stèidheachadh a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil na cleachdaidhean cosnaidh againn ann an co-rèir ri luachan na seirbheise poblach, ri riatanasan laghail agus ri dùilean nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

Tha structar na buidhne againn (Figear 1) air a dhealbhadh gus taic a thoirt an dà chuid do dh'obrachaidhean aig muir agus do dh'obrachaidhean air tìr, le loidhnichean aithrisidh minichte agus cunntachalachd thar a h-uile rang. Tha sgioba chom-pàirtichean gnothachais HR a' toirt taic bho latha gu latha air a h-uile chùis ceangailte ri fastachd agus tha iad a' cumail meatrags poileasaidh gus sùil a chumail air agus lèirmheas a dhèanamh air a h-uile poileasaidh a bhuineas ri HR, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' cumail orra a bhith làithreach, gèilleach agus ion-amasach. Tha uallaichean riaghlachais air an co-phàirteachadh thar Trusadh, Dioladh, Leasachadh Tàlaint agus sgioba nan com-pàirtiche gnothachais HR, le marasgadh bho àrd-cheannardais.

Figear 1 - Structar buidhne HR





Tha sinn a' cleachdadh modh-obrach trid-shoilleir, structaraichte airson cho-dhùnaidhean, le taic bho gheur-bheachdan air an stiùireadh le dàta agus aithriseadh coileanaidh cunbhalach. Tha na siostaman HR againn — a' gabhail a-steach MyHR agus Power BI — a' solarachadh faicsinneachd fhìor-ama air meatraigean an fheachd-obrach, a' leigeil leinn sùil a chumail air cunntas-cheann, neo-làthaireachd, stiùireadh chùisean, measaidhean luach air an coileanadh agus an ìre ris a bheilear a' cleachdadh bhuidhnean cosnaidh. Tha na h-uidheaman seo a' toirt taic do phlanadh stèidhichte air fianais agus tha iad a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' cumail oirnn a bhith so-fhreagrach ri feumalachdan obrachaidh.

Tha sinn ag obair gu dlùth ri aonaidhean-ciùird aithnichte tro cho-chomataidhean co-chomhairleachaidh agus aontaidhean barganachaidh choitcheinn, a' dèanamh cinnteach gu bheil guth co-chòrdail agus èifeachdach aig luchd-obrach ann a bhith a' fiosrachadh chleachdaidhean cosnaidh. Tha am modh-obrach againn a thaobh riaghlachas cuideachd a' gabhail a-steach ath-ùrachadh cunbhalach a thaobh leasachaidhean laghail, slatan-tomhais bho thaobh a-muigh agus frithealadh sheiminearann proifeiseanta gus dèanamh cinnteach gu bheil na poileasaidhean againn ann an co-rèir ri cleachdadh as fheàrr agus ri reachdas a tha air faire.

Le bhith a' leabachadh riaghlachas làidir agus structar buidhne a tha soilleir, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' toirt taic don fheachd-obrach againn, gu bheil na poileasaidhean againn cothromach agus co-chòrdail agus gu bheil an lìbhrigeadh seirbheise againn fhathast cunntachail an dà chuid don luchd-obrach againn agus do na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

3. Ro-innleachd criuthachaidh agus planadh obrachaidh

Gus seirbheis aiseig shàbhailte, earbsach agus ath-sheasmhach a lìbrigeadh, tha feum ann air modh-obrach structaraichte agus so-fhreagrach ri criuthachadh. Aig Cailleanach Mac a' Bhriuthainn, tha sinn air an ro-innleachd criuthachaidh againn a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na daoine cearta againn sna dreuchdan cearta aig an àm cheart — le taic bho chleachdaidhean obair cothromach, planadh làidir agus geur-bheachdan obrachaidh reachdmhor.

Tha sinn a' fastadh dhaoine air measgachadh de dh'ullachaidhean maireannach, ràitheil agus cùmhnaint gus iarrtasan atharrachail an lìonraidh againn a choileanadh. Tha rèiteachaidhean criutha gam freagarrachadh do gach soitheach is gach slighe, le atharrachaidhean ràitheil gan dèanamh mar fhreagairt ri àireamhan luchd-siubhail, comas shoithichean agus clàran-ama seirbheise. Tha sgeidealan cuairteil gan cleachdadh air feadh a' chabhlaich gus cothromachadh a dhèanamh eadar èifeachdas obrachaidh agus sunnd chriuthachan, agus tha soitheach faochaidh ga chumail gus taic a thoirt do leantainneachd seirbheise rè bhuairidhean mòra.

Tha riarachadh chriuthachan air fhiosrachadh le anailis mhionaideach air treandaichean luchd-siubhail, ùisneachadh shoithichean agus feumalachdan ionadail. Tha sinn a' cumail sùil air co-mheasan criutha ri luchd-siubhail agus teisteanasan àireamh luchd-siubhail gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' gèilleadh ri riaghailtean sàbhailteachd agus a' cumail suas ìrean àrda de sheirbheis custamair. Tha na modhan-obrach planaidh againn a' gabhail a-steach a' ro-aithris ìre de dh'iarrtas, a' comharrachadh bheàrnan luchd-obrach agus a' co-thaobhadh ghoireasan ri riatanasan seirbheise thar a h-uile sgìre.

Le bhith a' coimeasgachadh so-lùbadh nan obrachaidhean le cleachdaidhean cosnaidh ion-ghabhalach agus planadh air fhiosrachadh le dàta, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-ullachaidhean criuthachaidh againn ath-sheasmhach, so-fhreagrach agus ann an co-rèir ri an dà



chuid feumalachdan an fheachd-obrach againn agus feumalachdan nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

4. Foir-shealladh air luchd-obrach

Tha sinn ag obair le feachd-obrach eadar-mheasgte, ioma-sgileil thar an dà chuid obrachaidhean aig muir agus obrachaidhean stèidhichte air tìr. Tha am modail luchd-obrach againn air a dhealbhadh gus taic a thoirt do libhrigeadh sheirbheisean aiseig lìn-bheatha thar lìonra Chluaidh agus Innse Gall, le dreuchdan air an structarachadh gus riatanasan obrachaidh, sàbhailteachd agus seirbheis a' chustamair a choileanadh.

Tha ullachaidhean cosnadh air an neartachadh le prionnsapalan obair chothromach. Chan eil sinn a' cleachdadh chùmhnanntan neoni uairean a thìde, agus tha sinn an geall air poileasaidh gun anabarrachdan èigneachail mura bheil làn cho-chomhairleachadh air a bhith ann agus com-pàirteachadh le aonaidhean-ciùird aithnichte.

Tha sinn a' cur prìomhachas air trusadh ionadail far a bheil sin comasach, a' toirt taic do eaconamaidhean eileanach agus a' lùghdachadh eisimeileachd air luchd-obrach bhon taobh a-muigh. Tha am plana ro-innleachdail againn airson an fheachd-obrach a' gabhail a-steach trusadh targaidichte, planadh co-arbais agus slighean leasachaidh structaraichte gus dèanamh cinnteach gu bheil leantainneachd agus comas ann thar a h-uile rang. Thathar a' toirt taic don h-uile ball criutha teisteanasan àithnteil a chumail suas agus pàirt a ghabhail ann am prògraman trèanaidh leantainnich.

Tha sinn a' cumail chlàran mionaideach air àireamhan luchd-obrach agus na rangan aca thar a h-uile raon gnothachais, a' gabhail a-steach Bàtaichean-aiseig ChalMac Earr., Criuthachadh Cailleanach Mac a' Bhriuthainn (Geàrnsaidh) Earr., agus Dàibhidh Mac a' Bhriuthainn HR. Thathar a' dèanamh lèirmheas air na clàran seo gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil iad ann an co-rèir ri feumalachdan seirbheise agus inbhean riaghailteach.

Tha am feachd-obrach againn a' gabhail a-steach raon farsaing de dhreuchdan — bho Mhaighstirean, Einnseanairean agus Reataidhean Deic gu Luchd-cuidheachaidh Puirt, luchd-obrach Ionad Conaltraidh agus luchd-obrach Sheirbheisean Taice. Thathar a' toirt taic do gach dreuchd le pròfaidhl dreuchd ioma-chuimseach, a tha a' fiosrachadh trusadh agus trèanadh.

Tha sinn cuideachd a' cumail sùil air riarachadh cruinn-eòlasach an fheachd-obrach againn, le fòcas làidir air fastadh dhaoine a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan eileanach no taobh a-staigh astar coimiutaireachd reusanta bho phuirt. Tha seo a' toirt taic do eaconamaidhean ionadail, a' cur piseach air glèidheadh agus a' dèanamh cinnteach gu bheil an t-seirbheis againn air a freumhachadh sna coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

Thathar ag atharrachadh ìrean luchd-obrach gu ràitheil a rèir iarrtas luchd-siubhail agus riatanasan obrachaidh. Tha sinn a' glèidheadh so-lùbadh tro mheasgachadh de dh'ullachaidhean maireannach, sealach agus cùmhnaight, le taic bho chùl-stòr meadhanaichte de luchd-obrach a ghabhas cleachdadh gu luath.

Tha pàtran sioft air feadh ChalMac air am freagarrachadh gus iarrtasan obrachaidhean a choileanadh an dà chuid aig muir agus air tìr. Tha sgeidealan cuairteil gan cleachdadh air feadh a' chabhlaich gus cothromachadh a dhèanamh eadar libhrigeadh seirbheise agus sunnd a' chriutha, agus tha luchd-obrach puirt ag obair a rèir ullachaidhean so-lùbaidh gus taic a thoirt do dh'atharrachaidhean ràitheil, buaireadh ceangailte ris an t-sìde agus obair-ghlèidhidh phlanaichte.



Tha na cleachdaidhean co-fhreagrach seo air an dealbhachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil leantainneachd seirbheise ann, gu bheil a' ruigsinn cothromachadh eadar obair agus beatha agus gu bheil a' co-fhreagairt gu h-èifeachdach ri na dùbhlain shònraichte a tha an lùbh sheirbheisean aiseig lìn-bheatha.

Le bhith a' cumail suas foir-shealladh soilleir, structaraichte air an fheachd-obrach, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn uidheamaichte gus feumalachdan obrachaidh a choileanadh fhad 's a tha sinn fhathast so-fhreagrach ris na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

■ 5. Planadh feachd-obrach ro-innleachdail

A thaobh planadh feachd-obrach, tha am modh-obrach againn ro-innleachdail, air fhiosrachadh le dàta agus air fhreagarrachadh a rèir iarrtasan obrachaidh sònraichte airson libhrigeadh Bàtaichean-aiseig Chluaidh is Innse Gall. Tha e a' dèanamh cinnteach gu bheil na daoine cearta againn, sna dreuchdan cearta, aig an àm cheart — le taic bho phròiseasan soilleir, anailis reachdmhor agus ceannardas làidir.

Thathar a' dèanamh planadh gach bliadhna tron phlana goireasan dhaoine againn, le ion-chur bho àrd-stiùireadh agus sgiobaidhean obrachaidh. Tha am pròiseas seo a' toirt fa-near ìrean làithreach a thaobh luchd-obrach, tionndadh luchd-obrach ro-mheasta, iarrtas ràitheil agus feumalachdan sònraichte nan coimhearsnachdan eileanach is costail. It also factors in demographic trends, economic conditions and the logistical realities of delivering lifeline services across a geographically dispersed network.

Tha sinn a' cleachdadh planadh chnàmh-sgeulan gus beàrnan agus còrrlaich a chomharrachadh, far am faodadh iad èirigh, agus tha sinn a' leasachadh ro-innleachdan so-ghnìomhach airson dèiligeadh riutha — a' gabhail a-steach loidhnichean-ama airson trusadh luchd-obrach, planadh co-arbais, suas-sgileadh agus ath-dhealbhadh na buidhne far a bheil sin riatanach. Thathar a' toirt taic don phlanadh againn le dàta fìor-ama bho MyHR agus Power BI, a' toirt dhuinn faicsinneachd air cunntas-cheann, neo-làthaireachd, teisteanasan agus coileanadh thar a h-uile dreuchd is suidheachadh.

Tha ath-sheasmhachd mar phrìomh fhòcas san ro-innleachd againn. Tha sinn a' comharrachadh dhreuchdan a tha deatamach don ghnòthachas agus a' dèanamh cinnteach gu bheil co-arbannan rim faotainn, le planaichean èiginn air an leasachadh airson a h-uile suidheachadh prìomhachais. Thathar a' dèanamh lèirmheas gach bliadhna air a' phròiseas againn airson planadh co-arbais, a' gabhail a-steach slighean leasachaidh structaraichte, meantoradh agus coidseadh ann an ceannardas airson tàlant aithnichte.

Tha sinn cuideachd a' leabachadh iomadachd, cothromas agus ion-ghabhalachd air feadh a' phlanaidh feachd-obrach againn. Tha seo a' gabhail a-steach for-ruigheachd thargaidichte, cleachdaidhean trusaidh ion-ghabhalach agus taic dhaibhsan a tha a' tilleadh a dh'obair no ag atharrachadh sa chùrsa-obrach aca. Tha sinn ag obair gu dlùth le buidhnean cosnaidh gus cothroman a chomharrachadh airson daoine a tha air a bhith gun chosnadh airson ùine fhada agus tha sinn a' toirt taic do phrògraman cosnaidh stèidhichte sa choimhearsnachd.

Le bhith a' co-thaobhadh planadh feachd-obrach le feumalachdan obrachaidh agus amasan ro-innleachdail, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na daoine againn uidheamaichte, gu bheil iad a' faighinn taic agus gu bheil iad deiseil a bhith a' libhrigeadh seirbheis phoblach de dh'àrd-chàileachd — an-dràsta agus san àm ri teachd.



6. Trusadh agus tàladh tàlant

Tha sinn air an ro-innleachd trusaidh againn a dhealbhadh gus an tàlant as fheàrr a tha ri fhaotainn a thàladh, a mheasadh agus a chur an dreuchd — gu cothromach, gu trid-shoilleir agus ann an co-rèir ri ar gealltanais a bhith nar fastaiche rogha.

Tha sinn ag obrachadh pròiseas fastaidh a tha structaraichte agus neo-chlaon far a bheilear a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' dèanamh measadh air a h-uile neach-tagraidh gu co-chòrdail fa chomhair shlatan-tomhais deatamach, a' gabhail a-steach sgilean buntainneach, eòlas agus comas a bhith a' coileanadh na dreuchd. Tha am modh-obrach againn a' faighinn taic bho phrionnsapalan obair chothromach agus cleachdaidhean cosnaidh ion-ghabhalach, le fòcas làidir air cnapan-starra a thoirt air falbh agus cothroman co-ionannachd a bhrosnachadh.

Tha a h-uile dreuchd ga shanasachadh air an taobh a-staigh agus air an taobh a-muigh leis an sgioba sheirbheisean HR againn, mura bheil mura-bhith ann. Tha dreuchdan bàna gan cur air adhart thar iomadh seanail — a' gabhail a-steach an làrach-lìn againn, àrd-ùrlaran mheadhanan sòisealta, ionadan-obrach, buidhnean coimhearsnachd agus fèillean dhreuchdan — gus faicsinneachd agus ruigheachd a làn-mheudachadh. Tha sinn cuideachd ag obair le buidhnean fastaidh a tha a' speisealachadh ann an gnothaichean mara gus taic a thoirt do dhreuchdan brathgoirid agus dreuchdan ràitheil.

Gus dèanamh cinnteach gu bheil cothromachd agus cailbhreachadh ann, thathar a' dèanamh agallamhan le panailean a tha air an trèanadh le bhith a' cleachdadh hmeatrags structaraichte. Far a bheil e comasach, tha agallamhan a' leantainn pròiseas dà ìre agus tha iad a' gabhail a-steach co-dhiù dithis agallamhaichean. Thathar a' cumail notaichean mionaideach an co-rèir ris an sgeideal glèidhidh chlàran againn, agus thathar a' tairgse fios air ais don h-uile tagraiche a tha a' tighinn gu agallamh.

Tha sinn an geall air leasachadh leantainneach agus air lèirmheas cunbhalach a dhèanamh air na poileasaidhean trusaidh againn. Tha seo a' gabhail a-steach suirbhidhean a chur air bhog a bhios a' sireadh fios air ais an dèidh a' phròiseis trusaidh, ag ath-ùrachadh an stiùiridh againn air agallamhan agus a' meudachadh na for-ruigheachd againn gu buidhnean fo-riochdaichte. Tha sinn cuideachd a' cur fàilte air tagraidhean bho dhaoine a bha nan luchd-obrach againn roimhe agus bho dhaoine le ciorraman, agus tha sinn a' brosnachadh tagraichean a bhith a' còmhraidh rinn mu fhreagarrachaidhean reusanta far a bheil sin a dhìth.

Thatthar a' toirt taic don phoileasaidh trusaidh againn le trèanadh airson a h-uile neach-obrach a tha an sàs ann an roghnachadh tagraichean, agus le uidheaman didseatach a tha a' dèanamh rianachd nas èifeachdaiche agus a' cur piseach air gnothaichean airson an tagraiche. Tha sinn cuideachd a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' gèilleadh ri reachdas a thaobh còr obrach, agus tha modhannan làidir againn a thaobh dearbhadh teisteanachadh.

Le bhith a' leabachadh cothromachd, trid-shoilleireachd agus ion-ghabhalachd sa h-uile ìre den phròiseas trusaidh, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil am feachd-obrach againn ann an co-rèir ri na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh agus gu bheil e uidheamaichte a bhith a' libhrigeadh seirbheis phoblach de dh'àrd-chàileachd.



7. Preantasachdan, caideatachdan agus prògramanan airson daoine a tha tràth sa chùrsa-obrach aca

Mar phàirt den ro-innleachd feachd-obrach fhad-ùinich againn, tha e deatamach gum bi sinn a' leasachadh an-ath ghinealaich de phroifeiseantaich mara. Aig Cailleanach Mac a' Bhriuthainn, tha sinn an geall air slighean cùrsa-obrach brioghmhor a chruthachadh tro phreantasachdan, caideatachdan agus prògraman cheumnaichean — a' toirt taic do dhaoine òga agus dhaibhsan a tha air cùrsa-obrach atharrachadh gus sgilean a thogail, teisteanasan a chosnadh agus a bhith a' cur ris na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

Preantasachdan

Tha am prògram phreantasachdan againn a' tairgse trèanadh structaraichte, practaigeach thar dhreuchdan stèidhichte aig muir agus air tìr. Tha preantasaich a' cosnadh eòlas practaigeach ri taobh foghlam foirmeil, leis a h-uile cosgais air a pàigheadh — a' gabhail a-steach siubhal, àite-fuirich, èideadh-obrach agus oideachadh. Tha sinn gu for-ghnìomhach a' cur air adhart cothroman sna coimhearsnachdan again, le fòcas làidir ga chur air brosnachadh luchd-obrach ràitheil agus daoine òga eadar aoisean 17 is 24 tagradh a chur a-steach.

Tha na preantasachdan mara againn a' gabhail a-steach slighean airson Reatadh Einnsein agus Reatadh Deic, air an libhrigeadh ann an com-pàirteachas le Colaiste Seòlaidh Ghlashcu. Tha preantasaich a' coileanadh 18 mìosan de thrèanadh, a' coimeasgachadh ionnsachadh sa chlasrum le eòlas air-bòrd. Tha sinn cuideachd a' tairgse phreantasachdan Uidheam-innleadaireachd agus tha sinn gan leudachadh gu raointean leithid stiùireadh phròiseactan agus taic theicnigeach.

Tha preantasachdan an co-rèir ris a' phlanadh feachd-obrach agus an ro-innleachd co-arbais againn, gar cuideachadh le bhith a' lìonadh bheàrnan sgilean, a' toirt taic do ghlèidheadh luchd-obrach agus a' togail ath-sheasmhachd thar an lìonraidh. Tha sinn moiteil às na choilean sinn gu ruige seo — fhuair sinn barrachd is 400 tagraidhean airson 20 suidheachadh sa chuairt trusaidh mu dheireadh againn, agus reat coileanaidh de 91.8% bho 2016.

Caideatachdan

Tha am prògram againn airson sponsaireachd chaideataichean a' toirt taic do leasachadh Oifigearan Deic, Einnsein agus Dealan-teicnigeach tro shlighe structaraichte a mhaireas trì bliadhna. Air a libhrigeadh ann an com-pàirteachas le Clyde Marine Training Ltd agus Northern Marine Ltd, tha am prògram a' leigeil le caideataichean oideachadh acadaimigeach fhaighinn a bharrachd air ùine leudaichte air-bòrd shoithichean a tha ag obrachadh aig muir.

Tha caideataichean air an trèanadh chun nan ìrean as àirde agus thathar a' toirt taic dhaibh air feadh na cuairte aca — le meantoradh, cuideachadh ionhmhasail agus cothrom air proifeiseantaich ealanta air feadh a' chabhlaich againn. Tha an tasgadh seo a' dèanamh cinnteach gu bheil loidhne-phìoba ann de dh'oifigearan teisteanach a tha misneachail, comasach agus an geall air seirbheisean lìn-bheatha a libhrigeadh do choimhearsnachdan eileanach is costail.

Prògramanan airson daoine a tha tràth sa chùrsa-obrach aca

Tha sinn cuideachd a' tairgse cothroman dhaibhsan a tha tràth sa chùrsa-obrach aca thar nam foincseanan air tìr againn, a' gabhail a-steach einnseanaireachd, cunntasachd, rianachd gnothachais agus stiùireadh phròiseactan. Tha na prògraman seo a' coimeasgachadh ionnsachadh foirmeil le eòlas san t-saoghal fhìor, a' cuideachadh chom-pàirtichean a bhith a' togail nan sgilean agus misneachd a tha a dhìth airson soirbheachadh ann an roinn na mara.



Tha an fhor-ruigheachd againn a' gabhail a-steach tadhalan air sgoiltean, òraidichean STEM agus com-pàirteachadh ann am fèilltean cosnaidh — uile air an dealbhachadh a bhith ag àrdachadh mothachadh, a' toirt dùbhlán air gnàth-iomhaighean agus a' cur air adhart cùrsaichean-obrach ann an roinn na mara. Tha sinn ag obair gu dlùth le luchd-pàirt coimhearsnachd gus dèanamh cinnteach gu bheil cothroman so-ruigsinneach, ion-ghabhalach agus ann an co-rèir ri feumalachdan ionadail.

Le bhith a' tasgadh ann am preantasaich, caideataichean agus ceumnaichean, tha sinn a' togail feachd-obrach a tha sgileil, ath-sheasmhach agus freumhaichte sa choimhearsnachd — deiseil a bhith a' toirt taic don àm ri teachd airson seirbheisean aiseig thar costa an iar na h-Alba.

8. Glèidheadh agus leasachadh luchd-obrach

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil e deatamach luchd-obrach sgileil agus àrd-amasach a ghlèidheadh airson seirbheis phoblach earbsach a libhrigeadh. Tha sinn air an ro-innleachd glèidhidh againn a dhealbhadh timcheall chleachdaidhean obair chothromach agus fòcas làidir air sunnd agus com-pàirteachadh.

Tha sinn a' tairgse pasgan farpaiseach a thaobh dìoladh airgid agus sochairean, a' gabhail a-steach tairgse fhialaidh a thaobh sgeama peinnein agus làn-chòraichean air fòrladh bliadhnail.

Tha leasachadh cùrsa-obrach nan cosnaichean mar phrìomh phàirt den tairgse fastaidh againn. Tha sinn a' solarachadh shlighean structaraichte airson adhartas, le taic bho phlanaichean-leasachaidh pearsanta, prògraman trèanaidh creideasaidhte agus cothroman airson fo-fhastaidhean agus pròiseactan tarsainn a' ghnòthachais. Thathar a' brosnachadh a h-uile neach-obrach sealbh a ghabhail air an cuid ionnsachaidh, le taic bho shreath-stiùirichean agus cothrom air uidheaman ionnsachaidh dhidseataich.

Tha an an t-lonad Sàr-mhathais againn a' libhrigeadh bòrdachadh agus trèanadh 'latha a h-aon' airson luchd-tòiseachaidh ùra, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad uidheamaichte a bhith a' soirbheachadh bhon chiad dol a-mach. Tha sinn cuideachd a' tairgse meantoradh, coidseadh agus prògraman leasachadh ceannardais gus taic a thoirt do dh'adhartas thar a h-uile ìre den bhuidhinn.

Tha sinn a' cumail pròfaidhl dreuchd ioma-chuimseach airson a h-uile suidheachadh, rud a tha a' neartachadh nam pròiseasan againn airson measadh obrach agus slatan-tomhais thuarastalan. Thathar a' dèanamh lèirmheas air na pròfaidhlean seo gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil iad ann an co-rèir ri feumalachdan obrachaidh agus inbhean gnìomhachais.

Tha sunnd luchd-obrach mar phrìomhachas ro-innleachdail. Tha sinn a' toirt cothrom air seirbheisean slàinte luchd-obrach, taic teiripe-cuirp agus prògram cobhair luchd-obrach 24/7. Tha a' chomataidh sunnd againn a' dèanamh iomairtean thar slàinte-inntinn, ath-sheasmhachd ionmhais agus slàinte corporra — a' gabhail a-steach sgrìnidhean slàinte, bùithtean-obrach airson dèiligeadh ri streas agus cothroman airson saor-thoileachas coimhearsnachd.

Tha aithneachadh air a leabachadh sa chultar againn. Tron àrd-ùrlar dìolaidh againn Prezee, faodaidh manaidsearan tabhartasan air leth aithneachadh le cairtean tapaidh thiodhlaicean, a tha dlìgheach thar raon farsaing de bhùithtean. Tha sinn cuideachd a' comharrachadh chlachan-mìle de sheirbheis fhada agus tha sinn a' tairgse duais cluaineis dhaibhsan a tha a' leigeil dhiubh an dreuchd mar dhòigh gus gealltanas luchd-obrach a chomharrachadh.

Le bhith a' tasgadh sna daoine againn agus a' cruthachadh àrainneachd obrach a tha deimhinneach agus ion-ghabhalach, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil am feachd-obrach



againn a' cumail orra a bhith a' com-pàirteachadh, ath-sheasmhach agus deiseil a bhith a' libhrigeadh airson nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

9. Com-pàirteachadh agus sunnd luchd-obrach

Aig Cailleanach Mac a' Bhriuthainn, tha sinn a' creidsinn gu bheil feachd-obrach a gheibh taic agus a tha a' com-pàirteachadh san obair aca riatanach airson seirbheis phoblach de dh'àrd-chàileachd a libhrigeadh. Tha sinn air an ro-innleachd com-pàirteachadh agus sunnd luchd-obrach againn a structarachadh gus piseach a chur air misneachd, tarbhachd, riarachas agus glèidheadh thar na buidhne air fad.

Tha sinn ag obrachadh, air stèidh rolaigidh, prògram com-pàirteachaidh a mhaireas 12 mìos, a tha air a dhealbhadh gus cultar de dh'aithneachadh, leasachadh agus conaltradh fosgailte a bhrosnachadh. Tha seo a' gabhail a-steach suirbhidh luchd-obrach gach bliadhna, air a ruith gu neo-eisimeileach; lèirmheasan "buille-chuile" (gus fios air ais goirid fhaighinn gu luath); agus plana conaltraidh ioma-chuimseach airson taobh a-staigh na buidhne, a tha a' co-phàirteachadh naidheachdan gnothachais, coimhearsnachd agus comharrachaidh thar iomadh seanail.

Tha an ro-innleachd sunnd againn ga cur an gnìomh le comataidh sunnd fa leth, le taic bho choinneamh gach dàrna mìos, òraidichean tadhail a tha ealanta agus iomairtean targaidichte. Tha iad seo a' gabhail a-steach sgrìnichean slàinte, mothachadh slàinte-inntinn, bùithtean-obrach air sunnd ionmhasail, agus trèanadh airson dèiligeadh ri streas. Tha sinn cuideachd a' co-obrachadh le Scottish Union Learning gus taic a bharrachd a libhrigeadh, a' gabhail a-steach ciad-chobhair slàinte-inntinn, mothachadh niùro-iomadachd agus trèanadh casg fèin-mhurt.

Tha sinn a' solarachadh cothrom air prògram cobhair luchd-obrach 24/7 (EAP) agus seirbheisean slàinte luchd-obrach tro Medigold. Tha na seirbheisean seo air an dealbhadh a bhith a' cuideachadh luchd-obrach ann a bhith a' dèiligeadh ri dùbhlain phearsanta is phroifeiseanta, a' lùghdachadh neo-làthaireachd agus a' cur piseach air ath-sheasmhachd san fharsaingeachd.

Tha faicsinneachd ceannardais air a leabachadh sa mhodail com-pàirteachaidh againn, le àrd-stiùirichean a' gabhail pàirt ann an gnìomhachdan "latha sa bheatha" agus tachartasan lìonrachaidh gus ceangalan nas treasa a thogail le luchd-obrach. Tha sinn cuideachd a' cumail suas com-pàirteachadh deimhinneach le aonaidhean-ciùird tro cho-chomataidhean co-chomhairleachaidh cunbhalach agus fuasgladh cheistean gu co-obrachail.

Le bhith a' tasgadh ann an com-pàirteachadh agus sunnd luchd-obrach, tha sinn a' cruthachadh àite-obrach far a bheil daoine a' faireachdainn gu bheil a' cur luach orra, gu bheil iad a' faighinn taic agus gu bheil iad air an cumhachdachadh a bhith a' libhrigeadh na seirbheise as fheàrr a ghabhas do na custamairean is coimhearsnachdan againn.

10. Iomadachd agus ion-ghabhaltas san fheachd-obrach

Tha sinn an geall air feachd-obrach a thogail a tha ann an co-rèir ris na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh agus far a bheil a h-uile neach-obrach a' faireachdainn gu bheil a' cur luach orra, gu bheil a' cur meas orra agus gu bheil a' toirt taic dhaibh a bhith a' soirbheachadh. Tha am modh-obrach againn a thaobh co-ionannachd, iomadachd agus ion-ghabhaltas (EDI) air a leabachadh thar nan cleachdaidhean againn a thaobh trusadh, leasachadh agus planadh feachd-obrach.



Tha sinn gu for-ghnìomhach a' cur air adhart modhannan is poileasaidhean cosnaidh a tha ion-ghabhalach, ag obair gus cur às do leth-bhreith, fulangachadh agus sàrachadh. Mar fhastaiche chothroman co-ionann, tha sinn a' strì gus dèanamh cinnteach gu bheil am feachd-obrach againn riochdachail de na coimhearsnachdan sa bheil sinn a' fuireach agus ag obrachadh — an dà chuid aig muir agus air tìr.

Tha sinn a' libhrigeadh co-ionannachd, ion-ghalbhaltas agus iomadachd thar na buidhne agus tha sinn a' dèanamh lèirmheas cunbhalach air na poileasaidhean againn gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' toirt taic do dh'obrachadh sùbailte, co-roinn dhreuchdan agus so-ruigsinneachd. Tha sinn cuideachd a' brosnachadh tagraidhean bho bhuidhnean fo-riochdaichte agus tha sinn a' toirt seachad freagarrachaidhean reusanta far a bheil feum ann orra.

Tha Lìonra nam Ban againn agus tha ballrachd chorporra againn de Women in Transport, agus tha iad nan eisimpleirean de mar a tha sinn a' toirt taic do chothromachadh gnè agus do dh'adhartas ann an cùrsa-obrach airson nam boireannach aig muir. Tha sinn cuideachd a' com-pàirteachadh sgoiltean is colaistean gus slighean cùrsa-obrach eadar-mheasgte a chur air adhart agus deagh-eisimpleirean a chruthachadh bho thaobh a-staigh an fheachd-obrach làithrich.

Tha sinn a' leudachadh nan goireasan ionnsachaidh EDI againn agus tha sinn an geall air Measaidhean Buaidh air Co-ionannachd (EIAs) a chur an gnìomh bho 2025 air adhart. Bidh na measaidhean seo gar cuideachadh a bhith a' tuigsinn ciamar a tha poileasaidhean agus co-dhùnaidhean a' toirt buaidh air diofar bhuidhnean agus a' dèanamh cinnteach gu bheil a' gèilleadh ri dleastanas co-ionannachd na roinne poblaich.

Le bhith ag altramadh cultar ion-ghabhalach agus a' toirt air falbh cnapan-starra gu cosnadh agus adhartachadh, tha sinn a' togail feachd-obrach a tha nas treasa agus nas riochdachail — agus a tha uidheamaichte a bhith a' libhrigeadh seirbheis phoblach a tha ag obair don h-uile duine.

11. Com-pàirteachadh aonaidhean-ciùird agus caidreabh gnìomhachais

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil dreuchd dheatamach aig aonaidhean-ciùird ann a bhith a' toirt cumadh do dh'àite-obrach a tha cothromach, ion-ghabhalach agus ath-sheasmhach. A thaobh com-pàirteachadh nan aonaidhean-ciùird, tha am modh-obrach againn air a thogail air meas co-ionann, trìd-shoilleireachd agus gealltanais co-roinnte do libhrigeadh seirbheis phoblach de dh'àrd-chàileachd.

Tha sinn a' cumail suas dàimhean làidir le ceithir aonaidhean-ciùird aithnichte: Nautilus International, RMT, Unite the Union agus TSSA. Tha com-pàirteachadh structaraichte againn tro Cho-chomataidhean co-chomhairleachaidh (JCCs), a tha a' coinneachadh gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gum faodar pàirt a ghabhail gu co-chòrdail agus gu h-èifeachdach ann an co-dhùnaidhean. Tha na comataidhean seo a' toirt seachad fòram airson gheur-bheachdan a thaobh obrachadh, fuasgladh cheistean gu co-obrachail agus conaltradh cuideachail air cùisean a tha a' toirt buaidh air an fheachd-obrach.

A bharrachd air na coinneamhan a tha air a' chlàr-ama, tha sinn a' cumail chòmhraidhean ad hoc far a bheil feum ann orra — a' dèiligeadh ri cuspairean leithid atharrachaidhean clàr-ama, riatanasan criuthachaidh agus cunntasan as ùr air pròiseactan. Tha na seiseanan seo a' leigeil leinn fios air ais fhaighinn ann an deagh àm agus tha iad a' dèanamh cinnteach gu bheil co-dhùnaidhean air am fiosrachadh le fèin-fhios beatha an luchd-obrach againn.



Tha aontaidhean airson barganachadh coitcheann ann thar prìomh bhuidhnean luchd-obrach, a' gabhail a-steach oifigearan, reataidhean shoithichean mòra, reataidhean shoithichean beaga, luchd-clèireachd puirt agus seirbheisean taice. Thathar a' dèanamh nan còmhraidhean pàighidh bliadhnaile tro Cho-chomataidhean Barganachaidh, agus tha toraidhean nan còmhraidhean gan cur an gnìomh san Dàmhair gach bliadhna.

Tha sinn an geall air cumail poileasaidh gun anabarrachdan èigneachail agus chan eil sinn an sàs ann an cleachdaidhean “cuir à dreuchd agus ath-fhastaich”. Tha atharrachaidhean sam bith do dh'ullachaidhean luchd-obrach a' dol a-mach gu co-chomhairleachadh agus com-pàirteachadh leis na h-aonaidhean-ciùird buntainneach, a' dèanamh cinnteach gu bheil cothromachd agus trìd-shoilleireachd air fheadh.

Tha an ro-innleachd com-pàirteachadh nan aonaidhean-ciùird cuideachd a' toirt taic do shunnd luchd-obrach, le co-iomairtean a' cuimseachadh air eallach-obrach, sàbhailteachd agus misneachd. Tha sinn a' co-obrachadh air prògraman trèanaidh, leasachadh poileasaidh agus oidhirpean leasachaidh leantainn — a' dèanamh cinnteach gu bheil am feachd-obrach againn air a neartachadh, air a chluinntinn agus air a chumhachdachadh.

Le bhith ag altramadh dhàimhean làidir le aonaidhean-ciùird far a bheil meas ga thoirt air a chèile, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na cleachdaidhean cosnadh againn ann an co-rèir ri luachan na seirbheise poblaich agus dùilean nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

12. Stiùireadh coileanaidh

Aig Cailleanach Mac a' Bhriuthainn, tha stiùireadh coileanaidh mar phrìomh phàirt de mar a tha sinn a' toirt taic do na daoine againn agus a' co-thaobhadh leasachadh an neach fa leth le amasan na buidhne. Tha am modh-obrach againn a' dèanamh cinnteach gu bheil tuigse shoilleir aig a h-uile neach-obrach air dùilean, cothroman airson fàs agus an taic a tha a dhìth airson soirbheachadh.

Tha a h-uile neach-obrach ion-roghnach a' gabhail pàirt ann am pròiseas lèirmheas coileanaidh gach bliadhna, a tha a' gabhail a-steach plana leasachaidh pearsanta a tha air a fhreagarrachadh ris an dreuchd agus ri an àrd-mhiannan a thaobh cùrsa-obrach. Tha na planaichean seo ann an co-rèir ri luachan a' chompanaidh againn, prìomhachasan ro-innleachdail agus comasan socraichte, agus thathar a' dèanamh lèirmheas orra gu cunbhalach gus taic a thoirt do dh'amasan gearr-ùineach agus fad-ùineach.

Tha frèam-obrach a' mheasaidh a' cleachdadh sgèile rangachaidh còig puingean, a' dèiligeadh ris an dà chuid coileanasan agus modhan-giùlain. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil co-chòrdalas ann thar roinnean na buidhne agus tha e a' toirt seachad stèidh structaraichte airson fios air ais, aithneachadh agus planadh leasachaidh. Tha còmhraidhean a' fòcasachadh air neartan, raointean leasachaidh, adhartas fa chomhair àrd-amasan agus amasan airson an ama ri teachd.

Tha sinn a' tairgse raon farsaing de chothroman leasachaidh gus taic a thoirt do choileanadh, a' gabhail a-steach trèanadh foirmeil, fo-fhastaidhean, coidseadh, meantoradh, dlùth-leantainn agus ionnsachadh air-loidhne. Tha manaidsearan uidhemaichte leis na h-uidheaman agus stiùireadh a tha a dhìth gus lèirmheas èifeachdach a dhèanamh, agus thathar a' brosnachadh luchd-obrach sealbh a ghabhail air an turas leasachaidh aca.



Le bhith a' leabachadh stiùireadh coileanaidh sa chultar againn, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil am feachd-obrach againn a' cumail orra brosnachtaiche, comasach agus ann an co-rèir ri libhrigeadh seirbheis phoblach de dh'àrd-chàileachd.

13. Stiùireadh neo-làthaireachd

Tha e deatamach gu bheil sinn a' stiùireadh neo-làthaireachd gu h-èifeachdach gus ath-sheasmhachd obrachaidh a chumail agus taic a thoirt do shunnd luchd-obrach. Tha an ro-innleachd neo-làthaireachd againn structaraichte agus for-ghnìomach, agus tha i air a dealbhachadh gus cothromachadh a ruigheachd eadar feumalachdan nan daoine againn agus iarrtasan na seirbheis aiseig lìn-bheatha.

Thathar a' clàradh agus a' tracadh neo-làthaireachd le bhith a' cleachdadh an t-siostaim aithrisidh fa leth againn, Absentia, a tha a' toirt seachad brathan fìor-ama do mhanaidsearan agus cothrom sa bhad air taic bho sheirbheisean slàinte luchd-obrach. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil eadar-theachd timeil ann agus stiùireadh chùisean co-chòrdail bho latha a h-aon.

Tha sinn a' cumail choinneamhan cunbhalach airson lèirmheas a dhèanamh air neo-làthaireachd thar obrachaidhean Cabhlaich agus Puirt, le taic bho chom-pàirtichean gnothachais HR gus dèanamh cinnteach gu bheil cothromachd agus co-chòrdalas ann. Tha na coinneamhan seo a' gabhail a-steach lèirmheasan mionaideach air cùisean gearr-ùineach agus fad-ùineach, anailis threandaichean agus tracadh adhartais.

Tha ceumannan taice a' gabhail a-steach sgrinidhean slàinte, teiripe-cuirp, goireasan slàinte-inntinn agus rèiteachaidhean sùbailte airson tilleadh a dh'obair. Tha sinn cuideachd a' cumail sùil air pàtran leithid neo-làthaireachd ath-thachartach agus tha sinn a' toirt seachad eadar-theachdan targaidichte far a bheil feum orra.

Tha am poileasaidh againn a' gabhail a-steach stairsnich shoilleir agus trigearan airson lèirmheas foirmeil. Far a bheil luchd-obrach a' dol seachad air crìochan a thaobh neo-làthaireachd, faodar cuireadh a thoirt dhaibh coinneamh lèirmheis fhoirmeil a fhrithealadh, le raon de thoraidhean bho phlanaichean taice gu rabhaidhean foirmeil, a rèir an t-suidheachaidh. Thathar a' cleachdadh ùineachan marasglaidh leudaichte agus rabhaidhean air an toirt seachad a-rithist far a bheil sin iomchaidh airson dèiligeadh ri neo-làthaireachd ath-thachartach.

Tha prìomh chomharran coileanaidh a' gabhail a-steach coinneamhan tilleadh a dh'obair air an coileanadh ann an deagh àm, lèirmheasan air taic shochairnean agus tar-chur do sheirbheisean slàinte luchd-obrach. Tha na meatraigean seo gar cuideachadh gus co-chòrdalas a chumail agus raointean leasachaidh a chomharrachadh agus tha iad a' dèanamh cinnteach gu bheil am modh-obrach againn a' cumail a' dol a bhith cothromach agus èifeachdach.

Le bhith a' leabachadh modh-obrach stiùireadh neo-làthaireachd a tha structaraichte agus co-fhulangach, tha sinn a' toirt taic don luchd-obrach againn fhad 's a thathar a' glèidheadh earbsachd agus ath-sheasmhachd na seirbheise a tha sinn a' libhrigeadh.

14. Siostaman HR agus stiùireadh dàta

Tha siostaman HR èifeachdach agus stiùireadh dàta deatamach don dòigh sa bheil sinn a' toirt taic do na daoine againn, a' cumail sùil air coileanadh agus a' libhrigeadh seirbheis phoblach a tha so-fhreagrach. Tha sinn a' cleachdadh àrd-ùrlaran tèarainte, amalaichte gus cearcall-beatha iomlan



luchd-obrach a stiùireadh agus geur-bheachdan fìor-ama a thoirt seachad a bhios a' fiosrachadh cho-dhùnaidhean ro-innleachdail.

MyHR

'S e MyHR an siostam fiosrachaidh meadhanaichte againn airson goireasan daonna (HRIS), a thathar a' cleachdadh airson fiosrachadh pearsanta, clàran cùmhnaidh, fòrladh, eachdraidh trèanaidh agus atharrachaidhean cosnaidh a làimhseachadh. Tha e a' tairgse comas-gnìomh fèin-fhrithéalaidh airson luchd-obrach agus manaidsearan, a' lùghdachadh eallach rianachd agus a' leasachadh mionaideachd dàta. Tha sruthan-obrach fèin-obrachail a' toirt taic do phrìomh phròiseasan MyHR, leithid bòrdachadh, cead airson neo-làthaireachd agus ath-ùrachaidhean cùmhnaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil co-chòrdalas agus conaltradh tìmeil ann.

Tha MyHR a' co-thaobhadh gu tur ri riaghailtean dìon dàta na Rìoghachd Aonaichte, a' gabhail a-steach GDPR. Tha smachdan, stèidhichte air dreuchd, air cothrom na lùib, agus tha iad seo a' dèanamh cinnteach nach eil fiosrachadh frìonasach ri fhaotainn ach le luchd-cleachdaidh ùghdarraichte, a' glèidheadh dìomhaireachd agus gèilleadh thar na buidhne.

Deas-bhùird Power BI

Tha sinn a' cleachdadh Microsoft Power BI gus anailis a dhèanamh air dàta HR, agus a thaisbeanadh, tro dheas-bhùird eadar-ghnìomhach. Tha iad seo a' còmhachadh raon farsaing de mheatraigean feachd-obrach, a' gabhail a-steach cunntas-cheann, reataichean neo-làthaireachd, tracadh fo-fhastadh, measaidhean luach air an coileanadh agus cleachdadh luchd-obrach bho bhuidhnean-cosnaidh. Gabhaidh na deas-bhùird a fhreagarrachadh agus ath-ùrachadh ann am fìor-àm, a' leigeil le manaidsearan agus sgiobaidhean HR a bhith a' drileadh sìos gu seigmeantan dàta sònraichte agus sùil a chumail air treandaichean thar ùine.

Tha am modh-obrach seo, air a stiùireadh le dàta, a' toirt taic do phlanadh stèidhichte air fianais, a' cuideachadh gus cunnartan a tha ag èirigh a chomharrachadh agus a' comasachadh leasachadh leantainneach thar a h-uile foincsean HR. Tha e cuideachd a' cur ri trid-shoilleireachd agus cunntachalachd le bhith a' toirt seachad faicsinneachd shoilleir de choileanadh an fheachd-obrach.

CIPD HR Inform

Gus dèanamh cinnteach gu bheil na poileasaidhean agus cleachdaidhean againn fhathast làithreach agus gèilleach, tha làn chothrom aig an sgioba ro-innleachdail HR againn air CIPD HR Inform — goireas ioma-chuimseach air a leasachadh le Institiùd Cairte Luchd-obrach is Leasachaidh (CIPD). Tha an t-àrd-ùrlar seo a' toirt seachad teamplaidean a tha a' gèilleadh ris an lagh, uidheaman shlatan-tomhais, sgrùdaidhean cùise agus stiùireadh air cùisean HR a tha ag èirigh. Tha e a' toirt taic do leasachadh poileasaidh co-chòrdail agus gar cuideachadh a bhith a' co-fhreagairt gu luath ri atharrachaidhean ann an reachdas no deagh chleachdadh.

Le bhith ag amalachadh siostaman HR ùr-nodha le uidheaman làidir airson stiùireadh dàta, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na ro-innleachdan dhaoine againn èifeachdach, gèilleach agus ann an co-rèir ri feumalachdan an fheachd-obrach againn agus nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.



15. Co-dhùnadh

Tha am plana libhrigidh ro-innleachd HR seo a' libhrigeadh feachd-obrach ath-sheasmhach, ion-ghabhalach agus deiseil airson an ama ri teachd gus taic a thoirt don chùmnant Seirbheisean Aiseig Chluaidh agus Innse Gall (CHFS3).

Tha e ann an co-rèir ri ar gealltanais do dh'obair chothromach, ceannardas faicsinneach agus leasachadh leantainneach — a' dèanamh cinnteach gu bheil na daoine againn uidheamaichte, gu bheil iad a' faighinn taic agus gu bheil iad deiseil a bhith a' libhrigeadh seirbheis phoblach a tha sàbhailte, earbsach agus cuimsichte air a' chustamair. Bho phlanadh feachd-obrach ro-innleachdail gu trusadh ion-ghabhalach, gu preantasachdan, sunnd agus com-pàirteachadh aonaidhean-ciùird, thathar air a h-uile eileamaid sa phlana seo a dhealbhadh a bhith a' neartachadh ar comas obrachaidh agus a bhith ann an co-rèir ris na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

Leanaidh sinn oirnn a' cumail sùil air adhartas tro chomarran coileanaidh soilleir, aithriseadh cunbhalach agus com-pàirteachadh structaraichte le luchd-obrach, aonaidhean-ciùird agus luchd-ùidhe. Tha na siostaman HR agus frèaman-obrach riaghlachais againn a' toirt seachad na h-uidheaman agus trid-shoilleireachd a tha a dhìth airson 's gum bi sinn a' tracadh libhrigeadh, a' co-fhreagairt ri dùbhlain agus a' freagarrachadh ri feumalachdan atharrachail.

Le bhith a' leabachadh na ro-innleachd seo ann an obrachaidhean latha gu latha, bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil am feachd-obrach againn a' cumail orra a bhith brosnachtaichte, comasach agus ann an co-rèir ri luachan na seirbheise poblaich — gar cuideachadh a bhith a' leasachadh gach turas agus seirbheis aiseig a thogail às am faod Alba a bhith pròiseil.